



Stiùireadh Taic Freumhan Coimhersnachd 2025-27

Taic Freumhan Coimhersnachd 2025-27 Funding Guidelines

Mu dheidhinn na Maoine	About the Fund
<p>'S e Taic Freumhan Coimhersnachd a' phrìomh mhaoin aig Bòrd na Gàidhlig airson taic a chur ri buidhnean coimhersnachd ann a bhith a' lìbhrigeadh phròiseactan a bhios a' cur air adhart cleachdad is ionnsachadh na Gàidhlig aig ire na coimhersnachd. Am-bliadhna tha sinn a' toirt a-steach sgeama Cholmcille còmhla ri Taic Freumhan Coimhersnachd mar aon mhaoin gus taic a chumail ri Gàidhlig sa choimhersnachd.</p>	<p>Taic Freumhan Coimhersnachd is Bòrd na Gàidhlig's primary fund for supporting community organisations in delivering projects to promote and increase the usage and learning of Gaelic at community level. This year we are bringing the Colmcille scheme together with Taic Freumhan Coimhersnachd into a single fund to support community Gaelic usage.</p>
<p>Bidh an sgeama a' toirt cothrom seachad do bhuidhnean cur a-steach airson suas ri 2 bhliadhna de thaic-airgid, airson phròiseactan nas fhaide no feadhainn a tha a' ruith gach bliadhna. 'S e £200,000 am buidseat ris a bheil dùil airson an sgeama, ach tha seo ri dhearbhadh a rèir buidseat Bòrd na Gàidhlig 2025/26.</p>	<p>The fund offers the opportunity to apply for up to 2 years' worth of funding, for longer-term projects or those that are recurring annually. The estimated budget for the scheme is £200,000, pending confirmation of Bòrd na Gàidhlig's 2025/26 budget.</p>
<p>Tha co-fharpais air a bhith ann tro chuairean eile den sgeama seo, agus mar sin tha sinn an dùil nach gabb taic a chumail ris a h-uile iarrtas freagarrach.</p>	<p>Previous rounds of the fund have been competitive, therefore we expect that not all applications that are suitable will be successful.</p>
<p>Bidh sùbailteachd san sgeama airson taic a chumail ri iomadh seòrsa pròiseict a tha ag amas air daoine a thoir còmhla gus Gàidhlig a chleachdad, ach tha sinn gu sònraichte airson taic a chumail ri:</p> <ul style="list-style-type: none">• Tachartasan Gàidhlig sa choimhersnachd agaibh is air-loidhne• Pròiseactan is cothroman a tha a' brosnachadh dhaoine òga a' Ghàidhlig a chleachdad còmhla• Pròiseactan a tha brosnachadh cleachdad na Gàidhlig am measg theaghlaichean is eadar ginealaichean• Ionnsachadh inbhich Gàidhlig sa choimhersnachd• Colmcille – Togail cheanglaichean eadar luchd-labhairt na Gàidhlig is Gaeilge	<p>The fund is flexible in supporting most types of projects that seek to bring people together to use Gaelic, but we are particularly looking to support:</p> <ul style="list-style-type: none">• Gaelic events in your community and online• Projects and opportunities that encourage young people to use Gaelic together• Projects that support Gaelic usage among families and between generations• Adult Gaelic learning in the community• Colmcille – Building connections between speakers of Gaelic and Irish
<p>Anns an iarrtas agaibh, tha sinn airson 's gum mìnich sibh mar a bhios am pròiseact agaibh a' freagairt air aon no barrachd air aon de na h-amasan seo. Bu chòir dhuibh cuideachd a bhith mothachail air mar a bhios am pròiseact agaibh a' cur ri Plana Corporra Bòrd na Gàidhlig 2023-28 agus ri Plana Nàiseanta na Gàidhlig 2023-28.</p>	<p>In your application we expect you to expand on how your project meets one or more of these aims. You should also be aware of the how your project may contribute to Bòrd na Gàidhlig's Corporate Plan 2023-28 and the National Gaelic Language Plan 2023-28.</p>

Ann a bhith a' measadh an iarrtais agaibh, bidh sinn a' coimhead gu sònrachte air:

- Cho follaiseach 's a tha am pròiseact agaibh a' sealltainn gum bi e a' brosnachadh cleachdad na Gàidhlig sa choimhearsnachd agaibh is a' coileanadh nan amasan sònrachte againn airson am-bliadhna
- Comas am buidheann agaibh am pròiseact lìbhrigeadh gu soirbheachail
- Neart nam planaichean agaibh gus buaidh a' phròiseict agaibh a mheasadh
- Luach an airgid a tha ga shealltainn leis a' phròiseict Mar a tha am buidheann a' coileanadh dhleastanasan a thaobh na h-Àrainneachd, Co-ionnanachd is Obair Chothromach

Gheibhear stiùireadh nas mionaidiche air mar a thèid iarrtasan a mheasadh [air làrach-lin Bòrd na Gàidhlig](#).

Riaghailtean airson Phròiseactan

Cò dh' fhaodas tagradh a chur a-steach?

Tha a' mhaoin seo fosgailte do bhuidhnean treas-roinn stèidhichte (carthannasan no buidhnean saor-thoileach) a tha stèidhichte ann an Alba aig a bheil bun-reachd agus a tha airson pròiseact a lìbhrigeadh gus cleachdad na Gàidhlig a bhrosnachadh am measg coimhearsnachd air ainmeachadh. Gheibhear eisimpleirean de phròiseactan a fhuaire taic bho Taic Freumhan Coimhearsnachd a-cheana tron làrach-lin [GrantNav](#).

Chan fhaod buidhnean ach **aon** iarrtas a chur a-steach dhan chuairt seo den mhaoin.

Ma tha sibh air taic fhaighinn tro chuairt 2024-26 den sgeama (air a toirt seachad sa Ghearran/Màrt 2024), chan fhaod sibh iarrtas a dhèanamh ach a-mhàin ma tha am pròiseact maoinichte agaibh a' crìochnachadh ann an 2025 agus am pròiseact ùr tòiseachadh ann an 2025 cuideachd. Ma tha ceistean sam bith agaibh a thaobh freagarrachd, cuiribh fios gu Bhòrd na Gàidhlig cho luath 's a ghabhas.

Feumaidh cunntas-banca san RA a bhith aig a' bhuidhinn agaibh cuideachd, fo ainm na buidhne, nuair a tha sibh a' cur an iarrtais a-steach. Ma tha a' bhuidheann agaibh an sàs ann am pròiseas cunntas banca ùr fhosgladh, chan urrainn dhan bhuidhinn agaibh iarrtas a chur a-steach.

Cò nach fhaod tagradh a chur a-steach?

- Daoine fa-leth
- Ùghdarrasan poblach no ionadail (is ALEOs)
- Buidhnean coimeirsealtra/airson prothaid
- Buidhnean Com-pàirteach Lìbhrigidh Bòrd na Gàidhlig

In assessing your application, we will be primarily looking at:

- How clearly your project shows that it will promote the use of Gaelic in your community and achieve the specific aims we have for this year
- The ability of your organisation to deliver the project successfully
- The strength of your plans to assess the impact of your project
- The value for money demonstrated by the project
- How your organisation fulfils responsibilities in terms of the Environment, Equalities and Fair Work

Detailed guidance as to how applications will be assessed can be found [on Bòrd na Gàidhlig's website](#).

Project Requirements

Who can apply?

This fund is open to constituted third-sector (charities or voluntary organisations) based in Scotland that hope to deliver a project to promote the use of Gaelic within a given community. Examples of projects that have previously received support through Taic Freumhan Coimhearsnachd [can be found via the GrantNav website](#).

Organisations may submit a maximum of **one** application in this funding round.

If you received support through the 2024-26 funding round of the scheme (awarded in February/March 2024), you will only be eligible to apply for support if your currently funded project ends in 2025 and your new projects also begins in 2025. If you have any questions about your eligibility please get in touch with Bòrd na Gàidhlig as soon as possible.

It is also essential that your organisation has an active UK bank account, in the name of the organisation, at the time of submitting the application. If your organisation is in the process of applying for the opening of a bank account, your organisation is ineligible to apply.

Who cannot apply?

- Individuals
- Public or local authorities (including ALEOs)
- Commercial or for-profit organisations
- Bòrd na Gàidhlig Delivery Partners

Clàr-ama a' Phròiseict

Bidh an sgeama a' tort taic do phròiseactan a thèid an tòiseachadh eadar 1 Giblean agus 31 Dùblachd 2024 agus a thèid criochnachadh ro 31 Lùnastal 2026.

Thatagar an dùil gun tèid an ath chuairt maoineachaidh a ruith eadar Samhain 2025 is Faoilleach 2026 airson pròiseactan 2026-28.

Dè tha cosgaisean a gheibh taic?

Faodaidh sibh suas ri £5,000 iarraidh ma tha pròiseact a' maireachdann suas ri 12 mìosan no suas ri £10,000 ma tha pròiseact a' maireachdann nas fhaide na 12 mìosan.

Faodaidh sibh iarraidh suas ri 80% de chosgaisean iomlan a' phròiseict, fhad's a tha seo fon t-suim iomlan air ainmeachadh gu h-àrd.

Bu chòir dhuibh dèanamh cinnteach nach eil pàirt sam bith eile de bhuidseat a' phròiseict air am maoineachadh tro sgeamaichean maoineachaidh eile, Maoin nan Ealan Gàidhlig air a ruith le Fèisean nan Gàidheal, Maoin nan Tabhartasan Beaga aig Seachdain na Gàidhlig no [Buidhnean Com-pàirteach Libhrigidh Bhòrd na Gàidhlig](#).

Bu choir pròiseactan amas air teachd-a-steach iomchaidh fhaighinn bho chom-pàirtichean far a bheil seo comasach (m.e. cìsean airson chlasaichean Gàidhlig, airgead bho phàrantan airson turasan sgoile, tiocaidean airson chuirmean), agus is mathaid gun cuir sinn cumha air an taic-airgid againn gum bi sibh a' togail iùre de dh' airgead bho bhunan den leithid ma tha an t-iarrtas agaibh soirbheachail.

Bu chòir gach pròiseact a tha a' pàigheadh tuarastalan no cìsean dhan fheadhainn a tha a' libhrigeadh a' phròiseict a bhith a' pàigheadh co-dhiù [Tuarastal Bith-beò fior \(a tha £12.60 san uair an-dràsta\)](#). Ma tha sibh a' cleachdadh tuarastal gniomhachais anns na figearan agaibh, nach cuir sibh fios a-steach dhan iarrtas air cò a shuidhich na h-ìrean agus ceangal ann gus am fiosrachadh a lorg.

Tha cosgaisean neo-ionmhasail/saor-thoileach ceadaichte mar phàirt de chosgaisean iomlan a' phròiseict. Faodar taic neo-ionmhasail airson ùine air a thoirt seachad gu saor-thoileach a thuairmse le luach de cho-dhiù am Fior Thuarastal Bith-beò no tuarastal gniomhachais iomchaidh, ma tha sin ri fhaighinn, is bu chòir seo a bhith air ainmeachadh sa bhuidseat an dà chuid mar theachd-a-steach agus cosgaisean.

Project Timeframe

The fund will support projects which will start between 1 April and 31 December 2025 and will be fully completed by 31 August 2027.

It is expected that the next funding round will run from November 2025 to January 2026 for 2026-28 projects.

What costs are supported?

You may request up to £5,000 for projects with a duration of up to 12 months, or £10,000 for projects with a duration over 12 months.

You can apply for a maximum of up to 80% of project costs as long as this is below the maximum sum stated above.

You must ensure that no other part of the project's budget is funded by money from other Bòrd na Gàidhlig funding schemes, the Gaelic Arts Fund run by Fèisean nan Gàidheal, Seachdain na Gàidhlig's Small Grants Fund or [Bòrd na Gàidhlig's Delivery Partners](#).

Projects should aim to have income from participants where possible (e.g. fees for Gaelic classes, parental contributions towards school trips, tickets for concerts) and we may set conditions on our funding that a minimum level of income is received through such contributions if your application is successful.

All projects that pay wages or fees to those delivering the project must pay at least the [real Living Wage \(currently £12.60 per hour\)](#). If using industry rates in your budget, please include information about who set the rates and a link to verify this information.

In-kind/volunteer costs are permitted as part of a contribution towards total project costs. Any in-kind support for volunteered time can be calculated with a minimum value of the real Living Wage or an appropriate industry rate, if available, and should be budgeted as both income and expenditure.

Cha bhi sinn a' cur taic ri cosgaisean pròiseact ri linn:

- Cosgaisean-tòiseachaidh no cosgaisean ruith leantainneach aig buidhnean
- Cosgaisean ri linn cur air dòigh, frithealadh no pàirt a ghabhail sa Mhòd Nàiseanta Rìoghail no Mòdan Ionadail
- Fèisean ionadail (a tha air am maoineachadh le Bòrd na Gàidhlig tro Fhèisean nan Gàidheal)
- Siubhal air itealan (tha sinn a' moladh gun téid dòighean le nas lugha eimiseanan a thaghadh)
- Cosgaisean uidheamachd thairis air £500 gu h-iomlan
- Duaisean co-fharpaisean
- Libhrigeadh curraicealam na sgoile
- Seiseanan tràth-bhliadhnaichean

Ciamar a thèid sinn ar phàigheadh?

Ma tha an t-iarrtas agaibh soirbheachail, ma tha dùil agaibh gum bi am pròiseact criochnachadh taobh a-staigh 12 mìosan, gheibh sibh 80% den tabhartas iomlan às dèidh dhuibh an t-aonta taic-airgid is aithisgean sam bith a tha a dhìth airson phròiseactan eile a chur a-steach, leis an 20% mu dheireadh air a phàigheadh às dèidh dhuibh aithisg dhereannach iomchaidh a thoirt seachad airson a' phròiseict.

Airson phròiseactan a thathar an dùil a ruith airson còrr is 12 mìosan, gheibh sibh, sa chumantas, 40% den tabhartas iomlan às dèidh dhuibh an t-aonta taic-airgid is aithisgean sam bith a tha a dhìth airson phròiseactan eile a chur a-steach. Bidh suas ri 50% den tabhartas ri phàigheadh às dèidh dhuibh aithisg adhartais a chur a-steach leteach slige tron chlàr-ama a bha an dùil airson a' phròiseict, is an 10% mu dheireadh (ma tha e a dhìth) ri phàigheadh às dèidh dhuibh aithisg dhereannaich iomchaidh a thoirt seachad.

Bitheamh mothachail gu bheil gach pròiseact air am maoineachadh air stèidh rèidh, agus gum bi dleastanas oirbh taic-airgid Bòrd na Gàidhlig sam bith nach deach a chleachdadh air pròiseact tilleadh thugainn.

Ag aithneachadh taic

Mar bhuidheann phoblach, tha e cudromach dhuinn gu bheil fios aig a' phoball air mar a tha sinn a' cleachdadh ar cuid airgid, is mar sin tha e cudromach gu bheil sibh ag aithneachadh gun tug Bòrd na Gàidhlig taic-airgid dhan phròiseact agaibh (far a bheil sin iomchaidh). Ma tha an t-iarrtas agaibh soirbheachail, bidh dleastanas oirbh an taic-airgid againn aithneachadh ann an diofar dhòighean tron phròiseact is fios a thoirt seachad dhuinn sna h-aithisgean agaibh air mar a rinn sibh seo.

We will not support project costs relating to:

- Organisation start-up or ongoing running costs
- Costs relating to running, attending or taking part in the Royal National Mòd or local Mòds
- Local Fèisean (which are funded by Bòrd na Gàidhlig through Fèisean nan Gàidheal)
- Air travel (please consider lower-emission options)
- Equipment costs of over £500 in total
- Competition prizes
- Delivery of the school curriculum
- Early years sessions

How will we be paid?

If your application is successful, if your project is expected to complete within 12 months, you will typically receive 80% of the total grant after returning the signed funding agreement and any outstanding reports for other projects, with the final 20% payable after you have submitted a satisfactory end of project report.

For projects expected to run for over 12 months, you will typically receive 40% of the total grant after returning the signed funding agreement and any outstanding reports for other projects. Up to 50% of the grant will be payable after completing a progress report around half-way through your project's expected duration, with the final 10% payable (if required) after you have submitted a satisfactory end of project report.

Please note that projects are funded on a break-even basis, so that you will be required to return to us any Bòrd na Gàidhlig funding that is not utilised in completion of the project.

Acknowledgment

As a public body it's important to us that the public know where our funding is spent, and that's why it's important that you acknowledge where appropriate that Bòrd na Gàidhlig provided funding for your project. If your application is successful, you will be required to acknowledge our grant in various ways throughout the project and to provide information to us in your reporting as to how you have carried this out.

Airson tuilleadh fiosrachaiddh, nach toir sibh sùil air an [Stìuireadh Aithneachaidh](#) is [Stìuireadh Brannnd](#) air an làrach-lìn againn.

Sgrùdadh is measadh air a' phròiseact

Ma tha an t-iarrtas agaibh soirbheachail, bidh agaibh ri sgrùdadh is measadh a dhèanamh air mar a thèid am pròiseact agaibh a lìbhrigeadh agus a' bhuaidh aige a shealltann sna h-aithisgean a thèid iarraidh oirbh.

Feumar aithisg dheireannach a chur a-steach airson gach pròiseact a thèid a mhaoineachadh, agus ma tha dùil gum bi am pròiseact agaibh a' maireachdann nas fhaide na 12 mìosan, feumaidh sibh aithisg adhartais a chur a-steach mu leteach slighe tro fhaid a' phròiseict agaibh.

Aig a' char as lugha, bidh sinn ag iarraidh oirbh clàradh cia mheud duine a tha a' gabhail pàirt sa phròiseact agus faighneachd de chom-pàirtichean (no sampall de na chom-pàrtichean airson tachartasan/pròiseactan mòra) airson fios fhaighinn air beachdan aca air buaidh am pròiseact air an cleachdadh, ionnsachadh no beachd aca den Ghàidhlig.

Thèid iarraidh oirbh san fhoirm-iarrrtais mar a bhios sibh an dùil sgrùdadh a dhèanamh air a' phròiseas, dè na thargaidean a bhios sibh a' cleachdadh gus measadh an robh am pròiseact soirbheachail is mar a bhios sibh a' trusadh fiosrachaiddh bho chom-pàrtichean.

Bidh e comasach dhuibh na h-aithisgean a chur a-steach tro [phortal iarrtasan Fluxx aig https://bng.fluxx.io](#), agus bidh e comasach seo fhaicinn ma tha an t-iarrtas agaibh soirbheachail.

Àrainneachd, Co-ionnanachd, lomadachd & Inghabhalachd agus Obair Cothromach

Tha dleastanasan aig Bòrd na Gàidhlig gus cur air adhart deagh chleachdadh ann a bhith:

- A' lùghdachadh buaidh air an àrainneachd
- A' brosnachadh co-ionnanachd chothroman do dhaoin le feart dionta a rèir Achd Co-Ionannachd 2010
- A' brosnachadh chothroman do dhaoine òga a tha, no a tha air a bhith, fo chùram a rèir Achd na Cloinne is nan Daoine Òga (Alba) 2014

Bu mhath leinn gum bi na buidhnean is pròiseactan a tha a' faighinn maoineachadh bhuainn cuideachd a' cur ris na h-amasan seo, is bidh sinn ag iarraidh oirbh san fhoirm-iarrrtais mar a tha sibh an dùil gum bi am pròiseact agaibh a' déanamh seo.

For further information please read our [Acknowledgement Guidance](#) and our [Brand Guidance](#) on our website.

Project monitoring and evaluation

If your application is successful you will need to monitor and evaluate your project delivery and show the impact of the project in reports requested from you.

All funded projects will be required to submit a final report and if your project is expected to last for over 12 months, you will be required to complete a progress report approximately halfway through your project's duration.

At a minimum we will ask all projects to note how many people take part in the project and to ask participants (or a sample of participants for large events/projects) for feedback on the impact of the project on their usage, learning or opinion of Gaelic.

In the application form we'll ask you how you intend to monitor the project, what targets you will use to assess whether the project is successful, and how you will gather feedback from participants.

Reports will be available to submit via the [Fluxx application portal at https://bng.fluxx.io](#), and will be viewable if your application is approved.

Environment, Equalities, Diversity & Inclusion and Fair Work

Bòrd na Gàidhlig has a responsibility to promote good practice in:

- Reducing impact on the environment
- Promoting equality of opportunity for those with a protected characteristic under the Equalities Act 2010
- Promoting opportunities for young people who are, or have been, in care under the Children and Young People (Scotland) Act 2014

We would like the organisations and projects that we fund to also consider how their work can contribute to these aims and will ask in the application form how your proposed project will seek to do so.

Airson tuilleadh fiosrachaidh, nach leugh sibh fiosrachadh tro na ceanglaichean gu h-iosal:

- [Fiosrachadh air àireamhachadh is lùghdachadh eimiseanan carbon bho Creative Carbon Scotland](#)
- [Fiosrachadh mu na feartan dionte a rèir Achd Co-Ionannachd 2010](#)
- [Mu dheidhinn Pàrantan Corporra agus cumail taic ri clann a tha air a bhith ann an càram](#)

Obair Chothromach

Feumaidh buidhnean a tha a' faighinn maoineachadh poblach ann an Alba cumail ri poileasaidh Obair Chothromach aig Riaghaltas na h-Alba, agus mar sin **feumaidh** iad:

- Co-dhiù am fior Thuarastal Beò a phàigheadh; agus
- Dòighean iomchaidh airson guth luchd-obrach èifeachdach, leithid aithneachadh aonaidhean-ciùird, a chruthachadh

Thèid iaraidh oirbh mar phàirt den tagradh agus an aithris agaibh dearbhadh gu bheil sibh a' cumail ris a' phoileasaidh agus fianais a thoirt seachad gun do rinn sibh sin.

Tha [tuilleadh stiùireadh air mar a tha sinne aig Bòrd na Gàidhlig a' cur an gnìomh poileasaidh Obair Cothromach ri faighinn an seo](#), is tha [stiùireadh bho Riaghaltas na h-Alba air am poileasaidh ri faighinn an seo](#).

A' cur iarrtas a-steach

Bu chòir dhuibh iarrtas a chur a-steach tro phortal iarrtasan Fluxx aig bng.fluxx.io. Faodaidh sibh cunnatas a chruthachadh saor 's an-asgaidh air an làraich-lin sin is tha e comasach an t-adhartas agaibh leis an iarrtas a shàbhaladh fhad 's a tha sibh ag obair air. Faodaidh sibh gach faidhle-taic a chur a-steach tron phortal.

Dùnaidh portal nan iarrtasan aig **3f air Dimàirt 28 Faoilleach 2025** agus cha bhi e comasach iarrtas a chur a-steach às dèidh a' chinn-uidhe sin ach ma fhuras cead ro-làimh bho oifigearan Bhòrd na Gàidhlig.

Tha [taic mionaideach ri faighinn air an fiosrachadh a tha sinn a' sireadh bho gach ceist](#).

Ma tha duilgheadasan sam bith agaibh leis a' phortal, ma tha sibh airson na faidhlichean iarrtais faighinn ann an cruth eadar-dhealaichte, no ma tha ceistean sam bith agaibh a thaobh an iarrtais nach cuir sibh post-d thugainn aig tabhartas@gaidhlig.scot.

For further information, please consult the links below:

- [Information on how to calculate and reduce carbon emissions via Creative Carbon Scotland](#)
- [Information about the protected characteristics under the Equalities Act 2010](#)
- [About Corporate Parenting and supporting care-experienced young people](#)

Fair Work

Organisations in receipt of public funding in Scotland are required to adhere to the Scottish Government's Fair Work First policy, and as such **must**:

- Pay at least the real Living Wage; and
- Provide appropriate channels for effective workers' voice, such as trade union recognition

You will be asked as part of your application and reporting to confirm that you are adhering to the policy and provide evidence of doing so.

Further [guidance as to how Bòrd na Gàidhlig is implementing the Fair Work First policy is available here](#), and [guidance from the Scottish Government on the policy is available here](#).

Submitting an application

Applications should be submitted via our Fluxx application portal at bng.fluxx.io. An account can be registered for free on the website and it is possible to save the progress of an application whilst working on it. All supporting documents can be submitted via the portal.

The application portal will close at **3pm on Tuesday 28 January 2025** and it will not be possible to submit an application after this date unless permission has been provided prior to the deadline by Bòrd na Gàidhlig officers.

[Detailed support is available on our website as to what information we are looking for from each question](#).

If you have any issues with the portal, wish to receive the application materials in a different format, or have any questions about the application please email us at tabhartas@gaidhlig.scot.

Nuair a tha sibh a' cur an iarrtais a-steach, ach a-mhàin ma tha sibh a' cur iarrtas a-steach às leth sgioile, feumaidh sibh na **fàidhlichean-taic riatanach** a leanas a chur còmhla ris:

Riatanach

- Bonn-stèidh no Meòrachan agus Artaigilean Companaidh
- Na cunntasan bliadhnaill mu dheireadh no, ma 's e buidheann air stèidheachadh o chionn goirid a th' annaibh, litir bhon bhanca a' dearbhadh gu bheil sibh air cunntas phosgladh a bharrachd air aithrisean banca sam bith a tha rim faighinn
- Poileasaidh Dìon Chloinne no Barantachaidh (ma tha clann no inbhich so-leònte an sàs sa phròiseact)
- Liosta de Bhuill a' Bhùird no Comataidh (ach a-mhàin airson companaidhean clàraichte)

Air am moladh (ma tha iad rim faighinn)

- An Aithisg Bhliadhnaill mu dheireadh
- Poileasaidh Gàidhlig
- Poileasaidh co-ionannachd chothroman no Poileasaidh co-ionnanachd, iomadachd is in-ghabhaltachd
- Poileasaidh no aithris àrainneachd

Mur eil na sgrìobhainnean a bharrachd a tha a dhìth air an cur a-steach còmhla ri iarrtas (ach a-mhàin mas e iarrtas as leth sgoil a th' ann), bidh an t-iarrtas neo-cheadaichte agus cha tèid a mheasadh.

Mar a nì sinn measadh air an iarrtas

Gheibh sibh post-d fèin-obrachail bhon phortal Fluxx a' dearbhadh gun d' fhuaire sinn an t-iarrtas agaibh. Mur eil sibh air seo fhaighinn, dèanaibh cinnteach gu bheil sibh air an t-iarrtas agaibh a chur a-steach is nach eil sibh direach air a shàbhaladh.

Thèid sgrùdadh a dhèanamh air iarrtasan nuair a thig iad a-steach le oifigearan Bhòrd na Gàidhlig gus dearbhadh gu bheil iad a' leantainn riaghailtean na maoine agus gu bheil iad a' toirt seachad an phiosrachaидh a tha a dhìth. Ma thathar den bheachd nach eil an t-iarrtas agaibh ceadaichte, thèid iarraidh oirbh seo a chur ceart. Mur eil an t-iarrtas agaibh gu tur a' leantainn riaghailtean na maoine aig **10m air Diluain 10 Gearran 2025** dh'fhaodte gun tèid an t-iarrtas agaibh a dhiùltadh gun mheasadh.

Thèid gach iarrtas ceadaichte a mheasadh le pannal de dh' oifigearan aig Bòrd na Gàidhlig a rèir [an stiùireadh-measaidh](#), agus cuiridh iad molaidhean do Sgioba-stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig a nì an co-dhùnadh air na h-iarrtasan.

When submitting your application, unless applying on behalf of a school, you must include the **required supporting documents**, as follows:

Essential

- Constitution or Memorandum and Articles of Association
- Most recent annual accounts or for recently constituted organisations, a letter from your bank to confirm an account has been opened and any bank statements available
- Child Protection or Safeguarding policy (if the project involves children or vulnerable adults)
- List of board or committee members (except for companies registered with Companies House)

Recommended (if available)

- Latest annual report
- Gaelic policy
- Equal opportunities policy or Equalities, diversity and inclusion policy
- Environmental policy or statement

Applications which do not provide the required supporting documents (unless on behalf of a school) will be declared ineligible and will not be assessed.

How we will assess your application

You will receive an automatic email acknowledgment from the Fluxx portal to confirm that we have received your application. If you do not receive this, please check that you have submitted the application rather than only saving the application.

Bòrd na Gàidhlig officers will then screen applications after submission to ensure they comply with the rules of the fund and have provided required information. If your application is deemed ineligible, you will be asked to correct this. If your application is not fully compliant with the rules of the fund by **10am on Monday 10 February 2025** your application may be declined without assessment.

All eligible applications will be assessed by a panel of Bòrd na Gàidhlig officers according to [the assessment guidance](#), and they will make recommendations to the Bòrd na Gàidhlig Senior Management Team who will decide on the outcome of applications.

Dh'fhaodadh gun iarr Bòrd na Gàidhlig tuilleadh fiosrachaидh no mìneachadh air fiosrachadh mu dheidhinn a' phròiseict mar phàirt den phròiseas measaидh. Mur an tèid am fiosrachadh seo a thoirt seachad taobh a-staigh 5 làithean-obrach, tha sinn a' glèidheadh na còrach gum faod sinn an t-iarrtas agad a dhiùltadh.

Tha sinn an dùil gun tèid innse dhuibh mu cho-dhùnaidhean air an iarrtas agaibh le phost-d sa chìad leth sa Mhàirt 2025.

Ma thèid taic a thabhall dhuibh, thèid litir taic-airgid a chur thugaibh tro Docusign dhan neach-sgrìobhaидh ainmichte agaibh (no luchd-sgrìobhaидh ma tha sibh nar buidheann le luchd-obrach agus gum feum sibh Dearbhagh Obrach Chothromaich a lionadh). Bidh suas ri 30 latha agaibh gus gabhail ris an tairgse (is cumhaichean) no thèid an tairgse taic-airgid a thoirt air ais.

Mur eil sibh riaraichte le co-dhùnadh air an iarrtas agaibh, ged nach eil pròiseas ath-thagradh againn faodaидh tu gearain a chur a-steach ma tha thu den bheach nach deach dèiligeadh ris an iarrtas agad a-rèir an stiùireadh 'sa is an stiùireadh-measaидh. Airson tuilleadh fiosrachaидh, [tha ar modhan gus dèiligeadh ri ghearanan ri fhaighinn an seo.](#)

Tuilleadh fiosrachaидh

Airson tuilleadh fiosrachaидh mun mhaoin seo, tadhair air [làrach-lìn Bhòrd na Gàidhlig](#) no cuiribh fios gu tabhartas@gaidhlig.scot.

Faodaيدh tu cuideachd sùil a thoirt air [freagairtean ri cheisteann cumanta](#) mu dheidhinn a' mhaoineachaidh againn air an làraich-lìn againn.

Gheibhear fiosrachadh mu [phrìobhaideachd a thaobh ar sgeamaichean maoineachaidh air an làraich-lìn againn.](#)

Gheibhear cruthan eadar-dhealaichte den stiùireadh seo is de dh'fhoirmichean-iarrtas ma tha sibh ag iarraidh agus dh' fhaodadh gun tèid iad air fhoillseachadh aig:
<https://www.gaidhlig.scot/gd/maoineachaidh/cothromana-maoineachaidh/taic-freumhan-coimhersnachd/>

Bòrd na Gàidhlig may request additional information or clarification of project details as part of the assessment process. If this additional information is not submitted within 5 working days of being requested we reserve the right to decline your application.

We expect that you will be informed of the result of your application by email in the first half of March 2025.

If you have been awarded funding, a letter of offer will be sent via Docusign to your nominated signatory (or signatories if you are an organisation with staff and required to complete a Fair Work Declaration). You will have up to 30 days from the date of issue to accept the offer (including terms and conditions) or the offer shall lapse.

If you are not satisfied with the outcome of your application, while we do not offer an appeal process you may make a complaint if you believe your application has not been dealt with in accordance with this guidance and the assessment guidance. For more information, [our complaints handling procedure is detailed online here.](#)

More information

For more information about this fund, please visit the [Bòrd na Gàidhlig website](#) or contact Bòrd na Gàidhlig at tabhartas@gaidhlig.scot.

You can also find [answers to frequently asked questions](#) about our funding on our website.

Privacy information [relating to our funding schemes can be found on our website.](#)

Alternative forms of this guidance and application forms can be made available on request and may be published at: <https://www.gaidhlig.scot/en/funding/funding-schemes/taic-freumhan-coimhersnachd/>

Eachdraidh Faidhle / Version History

V1	Air fhoillseachadh / Published	12 Samhain / November 2024
----	--------------------------------	----------------------------